

# Am pìobaire

O chionn fhad' an t-saoghail, bha pìobaire òg ann air an robh Calum. Ged a bha e math air pìobaireachd, bha e cho gòrach ris na h-eòin!

Aon latha brèagha, bha e a-muigh air cnoc gorm, fada bhon taigh, nuair a chuala e an ceòl bu bhrèagha a chuala e a-riamh. Saoil cò às a bha e a' tighinn? Lean e am fuaim gus an do ràinig e uamh dhìomhair.

Chaidh e a-staigh airson faighinn a-mach cò bha a' seinn na pìoba cho binn. Na b' fhaide agus na b' fhaide ghabh e a-steach dhan uaimh dhorch, chumhang gus an robh e gu tur air chall! Bha e a' faireachdainn sgìth, agus shuidh e sìos airson fois a ghabhail agus thuit e na chadal.

Nuair a dhùisg e, chunnaic e solas fada bhuaithe. Bha e a' faicinn na slighe a-mach! Bha e air a dhòigh faighinn a-mach às an àite neònach ud!

Ruith e dhachaigh aig peilear a bheatha. Nuair a ràinig e an taigh aige, bha a h-uile càil a' coimhead diofraichte agus bha a phàrantan a-nis aosta! Cho aosta ri ceò nam beann! Bha e troimh-a-chèile. Dè cho fada 's bha e na chadal?

Cuir dath **dearg** air na litrichean mòra.

Cuir dath **uaine** air na puingean-stad.

Cuir dath **gorm** air na comharran-ceist.

Cuir dath **buidhe** air na clisg-phuingean.



# Am pìobaire

Sgrìobh 3 seantansan mu na rudan a bha diofraichte nuair a ràinig Calum dhachaigh. Dèan cinnteach gun cleachd thu am puingeachadh ceart!

1. \_\_\_\_\_  
\_\_\_\_\_  
\_\_\_\_\_

2. \_\_\_\_\_  
\_\_\_\_\_  
\_\_\_\_\_

3. \_\_\_\_\_  
\_\_\_\_\_  
\_\_\_\_\_

## Samhlaidhean

Tha 2 shamhla anns an stòiridh:

**cho gòrach ris na h-eòin** agus **cho aosta ri ceò nam beann**

An urrainn dhut feadhainn a dhèanamh thu fhèin?

cho toilichte ri \_\_\_\_\_

cho slaodach ri \_\_\_\_\_

cho còir ri \_\_\_\_\_

cho beag ri \_\_\_\_\_

cho mòr ri \_\_\_\_\_

# Am pìobaire

## Buadhairean

Sgrìobh 6 **buadhairean** a tha anns an stòiridh.

1. \_\_\_\_\_ 2. \_\_\_\_\_ 3. \_\_\_\_\_

4. \_\_\_\_\_ 5. \_\_\_\_\_ 6. \_\_\_\_\_